

**'S e Uilleam Shakespeare a bh' ann.
Sgrìobh e 'Othello' agus 'MacBheatha' cuideachd.
Cò sgrìobh an leabhar, 'The Hobbit'?**

**'S e J. R. R. Tolkien a sgrìobh an leabhar, 'The Hobbit'.
Sgrìobh e 'The Lord of the Rings' cuideachd.
An e Vincent Van Gogh a pheant am 'Mona Lisa'?**

Chan e. 'S e Leonardo Da Vinci a pheant am 'Mona Lisa' agus tha e a-nis ann an taigh-tasgaidh An Louvre, ann am Paris.

Cò a' chiad duine a shiubhail dhan fhànas?

**'S e Yuri Gagarin, às an Ruis, a' chiad duine a shiubhail
dhan fhànas, ann an 1961.**

Cò a' chiad fheadhainn a shreap Beinn Everest?

'S e Edmund Hillary agus an neach-iùil aige, Tenzing Norgay, a' chiad fheadhainn a shreap a' bheinn as àirde air an t-saoghal.

An e Steve Jobs a chruthaich a' chiad choimpiutair?

**Chan e, ach leasaich e coimpiutairean agus teicneòlas leis
a' chompanaidh aige, Apple.**

Cò rinn an òraid ainmeil “I have a dream..”?

'S e Martin Luther King Jr a rinn i. Bha e ag iomairt an aghaidh gràin-cinnidh gus am biodh còraichean co-ionann aig a h-uile duine a dh'aindeoin dath an craicinn.

An ann à Ciùba a tha Usain Bolt?

**Chan ann, 's ann à lameuga a tha e, agus tha e ainmeil airson a' chruth
a bhiodh e a' dèanamh nuair a bhiodh e a' buannachadh.**

Cò a' chiad Albannach a bhuannaich farpais nam fear aig Wimbledon?

**'S e Andaidh Moireach a bh' ann. Bhuannaich a bhràthair,
Jamie, Wimbledon cuideachd a' cluich teanas-càraid.
An do ruith Jenny Graham timcheall an t-saoghail?**

Cha do ruith. 'S i Jenny Graham am boireannach as luaithe a chaidh timcheall an t-saoghail air baidhsagal, ann an 124 làithean.

Cò an nighean òg a thòisich iomairt air feadh an t-saoghail mu dheidhinn Blàthachadh na Cruinne?

'S e sin Greta Thunberg às an t-Suain agus bhrosnaich i sgoilearan bho dhùthchannan eile a dhol air stailc bhon sgoil a thogail fianais an aghaidh Blàthachadh na Cruinne.

An ann an Afraga a chuidich Mother Teresa daoine bochda?

**Chan ann. 'S ann air sràidean Kolkata anns na h-Innseachan
a chuidich i daoine bochda.**

**An e Malala Yousafzai an neach as òige a-riamh
a fhuair Duais Nobel?**

'S i. Fhuair i Duais Nobel nuair a bha i 17 bliadhna a dh'aois airson an obair aice a' strì airson foghlam do nigheanan air feadh an t-saoghail.
An ann às an Eilean Sgitheanach a tha Danaidh MacAsgaill?

**'S ann, 's ann à Dùn Bheagan a tha e. Choisinn e cliù dha fhèin
airson cleasan mìorbhaileach a dhèanamh air baidhsagal.**

Cò sgrìobh an dealbh-chluich 'Hamlet'?